

A' TOIRT TAIC DHAN BHÀNRIGH

Is e prìomh phàirt de dhleastanas Phrionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn a bhith a' toirt taic dhan Bhànrigh mar theis-meadhan uaille nàiseanta, aontachd agus dìlseachd, agus a bhith a' tarraing dhaoine còmhla thar gach raon den chomann shòisealta, a' riochdachadh seasmhachd agus leantainneachd, a' soillseachadh euchd, agus a' cur cuideam air cudromachd seirbheis agus na raon saor-thoileach tro bhrosnachadh agus eisimpleir.

CLÌ

Prionnsa na Cuimrigh a' bruidhinn ri saighdearan 's e ann an Kent, far an do choinnich e saighdearan, agus an cuid theaghlaichean, an 2ra Battalion The Royal Gurkha Rifles a tha suidhichte aig Taigh-feachd Sir John Moore ann am Folkstone san Fhaoilteach 2009.

AN RÌOGHACHD AONAICHTE AGUS THALL THAIRIS

Tron bhliadhna ghabh Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn os làimh raon farsaing de thachartasan agus de thursan aig an taigh agus thall thairis. Bha iad sin a' dol bho fhrithealadh thachartasan deas-ghnàthach agus a' cur taic ri 's a' riochdachadh nam Feachdan Armaichte, gu gabhail os làimh thursan oifigeil thall thairis gus maith Bhreatainn adhartachadh.

An Rìoghachd Aonaichte

Gach bliadhna, bidh am Mòrachd Rìoghail a' siubhal gu tachartasan air feadh Shasainn, na h-Alba, na Cuimrigh agus Èirinn a Tuath. Sa Chèitean 2008, ghabh Prionnsa na Cuimrigh compàirt ann a bhith a' comharrachadh 60 bliadhna de Land Rover, fear dhe na h-ainmean as ainmeile ann an gnòthachasan na dùthcha, agus companaidh a tha a' toirt cosnadh dha mòran san RA.

Nuair a thadhail am Prionnsa air ionad-obrach na companaidh ann an Solihull, West Midlands, dh'innis e dha 100 neach-obrach gum bu chòir dhaibh a bhith air leth moiteil gun robh an obair san robh iad an sàs a' dol air feadh an t-saoghail. Ag innse mar a bha e o chionn ghoirid a' siubhal ann an Land Rover ann an Uganda, thuirt am Prionnsa: "Tha ur soirbheachas ri fhaicinn sa h-uile àite."

Tha e cudromach dham Mòrachd Rìoghail gun toir iad taic is co-fhaireachdainn aig amanan duilich san dùthaich no ann an sgìrean ionadail. Thar nam bliadhna th' air a dhol seachad, tha am Prionnsa agus a' Bhan-diùc air tadhal air diofar sgìrean san dùthaich a tha gu sònraichte air fulang air sgàth an t-seacaidh san eaconamaidh, agus orrasan a bhios a' fulang gu tric ri linn mhòr-thuiltean.

An-uiridh, thill am Mòrachd Rìoghail gu diofar choimhearsnachdan gus faicinn gu dè mar a bha a' dol dhaibh. San Ògmhios 2008, shiubhail iad air trèan-smùid air traca dualchais ann am Worcestershire - traca a chuir feum air £3 millean airson a chàradh an dèidh dha tuiltean milleadh mòr a dhèanamh. San t-Samhain 2008, thill am Prionnsa gu aon dhe na obraichean-stàillinn as motha san dùthaich, gu Sheffield, airson faicinn gu dè mar a tha a' chompanaidh air soirbheachadh an dèidh dhaibh a bhith fo chòig troighean de dh'uisge bliadhna ron sin. Fhad 's a bha e ann, thuirt am Prionnsa ris an luchd-obrach, "thill mi air sgàth 's gu bheil fios agam cho cudromach 's a tha Forgemasters, chan ann a-mhàin ris an eaconamaidh ionadail, ach ri eaconamaidh na dùthcha, ri oidhirpean na dùthcha."

Airson aithne a chur air an dàimh shònraichte a th' aige ris a' Chuimrigh, tha a Mhòrachd Rìoghail a' dol dhan Chuimrigh gu tric. San Ògmhios, bha am Prionnsa agus a' Bhan-diùc sa Chuimrigh, turas a tha iad a' gabhail gach Samhradh. An turas seo, airson a' chiad turais, fhuair iad air fuireach ann an Llwynywermod, an tuathanas a cheannaich Diùcachd na Còirn sa Mhàrt 2007 airson àite-fuirich a thoirt dhan Phrionnsa 's dhan Bhan-diùc sa Chuimrigh. Air aon dhe na feasgaran, thug am Mòrachd Rìoghail cuireadh dha muinntir an sgìre agus dhan luchd-ceàirde a bh' air a bhith ag obair a' dèanamh an-àirde an taighe tighinn chun na dachaigh airson cuirm.

Cuideachd, ann an Seachdain na Cuimrigh, choisrig am Mòrachd Rìoghail gu h-oifigeach clabhstairean ùra aig Àrd-eaglais an Naoimh Daibhidh mus do shiubhail iad gu Llangathen a dh'fhosgladh gu h-oifigeach an oifis ùr aig Urras Ghàrraidhean Eachdraidheil na Cuimrigh aig Gàrraidhean Aberfflasney. Ann am meadhan na Cuimrigh, choinnich a' Bhan-diùc buill de dh'Institiùd nam Ban ann am Myddfai, agus thàinig i fhèin agus am Prionnsa ri chèile a-rithist aig cuirm gus Iomairt Monadh Cambria a chur air bhog - pròiseact a chuir e fhèin air dòigh gus tuathanaich nan sgìrean a chuideachadh gus am bathair aca a mhargadh fo aon ainm.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Prionnsa na Cuimrigh a' bruidhinn ri luchd-obrach 's e a' tadhal air factaraidh Land Rover ann an Solihull, sa Chèitean 2008, gus 60 bliadhna dhen chompanaidh a chomharradh

Prionnsa na Cuimrigh a' coinneachadh feadhainn dhen 71 luchd-trèanaidh ceàirde a tha ag obair aig Forgemasters International ann an Sheffield san t-Samhain 2008.

Ban-diùc na Còirn a' bruidhinn ri luchd-obrach agus luchd-tadhail aig Ionad Cùram Aillse aig Magaidh, ann an Charing Cross, Lunainn, san t-Samhain 2008

Tha am Prionnsa agus a' Bhan-diùc air leth dèigheil air a bhith ann an Alba, agus tha iad a' cur seachad ùine mhòr ann gach bliadhna, aig tachartasan poblach air feadh na dùthcha, aig coinneamhan agus ag obair aig an dachaigh aca ann am Birkhall, ann an Siorrachd Obar Dheathain. Am measg na rinn iad an-uiridh ann an Alba, thadhail iad air gnothachasan Albannach, leithid Johnstons ann an Eilginn, agus Speyside Cooperage. Cuideachd, ghabh iad pàirt ann an seachdain Holyrood, agus fhuair a' Bhan-diùc cothrom air a dhol a Bhaile Bhòid airson a' chiad turais 's i na Ban-diùc de Bhaile Bhòid. Chuir am Prionnsa agus a' Bhan-diùc air chois cuirm aig Taigh Holyrood airson luchd-taic Fhèis Dhùn Èideann.

San Ògmhios 2008, dh'fhosgail am Prionnsa ionad luach £4.6 millean aig Ospadal an Iar Dhùn Èideann a tha a' dèiligeadh gu sònraichte ri boireannaich le aillse broillich, agus aig an aon àm, thadhail a' Bhan-diùc air Ionad Cùraim Aillse Maggie, san aon ospadal. Ann an Ionad Maggie, gheibh a h-uile duine air a bheil aillse a' toirt buaidh - teaghlaichean, caraidean agus luchd-cùraim - cothrom air taic fhaighinn. An-uiridh, ghabh a' Bhan-diùc ri cuireadh airson a bhith na Ceannard air Maggie's, an carthannas aillse.

Gach bliadhna, tha am Prionnsa agus a' Bhan-diùc a' gabhail turas a dh'Èirinn a Tuath, agus tha iad a' cur seachad làithean an sin aig diofar thachartasan. Sa Chèitean 2008, 's iad ann airson dà latha, chaidh am Prionnsa agus a' Bhan-diùc gu tachartas aig fear dhe na taighean-bidh as fheàrr ann am Beul Feirste, gus biadh à bunan ionadail a chomharrachadh agus adhartachadh, agus an latha an dèidh sin, thadhail iad air taigh-staile uisge-bheatha Bushmills ann an Aontraim, airson ceithir linntean de dh'obair uisge-bheatha a chomharrachadh.

Thall thairis

A h-uile bliadhna bidh dleasan nam Mòrach Rìoghail gan toirt a-null thairis, agus ann an 2007-08 ghabh iad dà phrìomh chuairt oifigeil os làimh air iarrtas bho Oifis nan Dùthchannan Cèin 's a' Cho-fhlaitheis gus taic a chur ri gnothaichean gnìomhachais Bhreatainn thall thairis.

Ghabh am Prionnsa agus a' Bhan-diùc turas as t-Fhoghar 2008, far an deach iad an toiseach dhan Iapan airson trì latha. An seo, chomharraich iad 150 bliadhna de dhàimhean dioplòmasach eadar an Iapan agus an RA. An dèidh sin, shiubhail am Mòrachd Rìoghal a Bhrunei, far an do choinnich iad saighdearan Gurkha aig a' Ghearastan Bhreatannach ann an Seria. Air an treas ceum dhen turas, chaidh am Prionnsa dhan Ind-Innse, far an do libhrig e Òraid a' Phrìomhaire ann an Jakarta - òraid san do bhruidhinn e air mar a thèid dèiligeadh ri dì-choillteachadh tropaigeach. An dèidh làimh, chaidh e gu Coille Harapan air eilean Sumatra, far an tug e misneachadh do phòiseact glèidhteachais an sin.

B' ann a dh'Aimearaga a Deas a bha an dara prìomh thuras dhen bhliadhna, sa Mhàrt 2009. A-rithist, b' e dìon na h-àrainneachd a bu mhotha a bh' air inntinn a' Phrionnsa sna trì dùthchannan san robh e. Anns an t-Sìle, thug am Mòrachd Rìoghail taic dha oidhirpean an riaghaltais gus èifeachdas lùtha a mhisneachadh, agus dha iomairtean san roinn phrìobhaidich gus stòrasan connaidh seasmhach a chur air dòigh. Ann am Brasil, thadhail iad air an Amazon, far an do choinnich iad ri riaghaladairean ionadail agus riochdairean nan coimhearsnachdan gus cluinntinn mu na dùbhlain a tha co-cheangailte ri a bhith a' cur air chois mhodhan nas seasmhaiche de ghnìomhan eaconamach sna coilltean-uisge. Ann an Ecuador, chuir am Mòrachd Rìoghail seachad dà latha air Eileanan Galapagos, far am faca iad fhèin a' bhith-iomadachd iongantach, agus airson leabhar Theàrlaich Darwin, "On the Origin of Species", a chaidh fhoillseachadh o chionn 150 bliadhna, a chomharrachadh.

Chaidh Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn cuideachd dhan Phòlainn sa Ghiblean 2008, airson Ionad Coimhearsnachd nan Iùdhach ann an Krakow fhosgladh gu foirmeil: bha am Prionnsa air sia bliadhna a chur seachad a' cuideachadh le maoinachadh an dèidh dha tadhal ann ann an 2002. San t-Samhain, ghabh am Mòrachd Rìoghail turas dhan Fhràing airson seirbheis a bha a' comharrachadh 90 bliadhna an dèidh Armistice.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

A' coinneachadh a' Phrionnsa 's e aig Sgoil Ioslamach Pondok Pesantren Krpyak, 's e a' tadhal air Yokyakarta, seann phrìomh bhaile na h-Ind-Innse, san t-Samhain 2008.

Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn aig Teampall Todajji, ann an Nara, Iapan san t-Samhain 2008.

Prionnsa na Cuimrigh a' coiseachd tro phàirt de Choille an Amazon, air taobh a-muigh baile Manaus, Brasil, sa Mhàrt 2009.

NA SEIRBHISEAN ARMAICHTE

Tha an dàimh a th' aig Prionnsa na Cuimrigh agus na Seirbheisean Armaichte stèidhichte air ceithir cuspairean: a' soilleireachadh dànadas, dealas agus ìobairt shaighdearan agus sheann shaighdearan; a' cur aithne air cho proifeiseanta 's a tha iad agus inbhe an trèanadh tro bheil iad a' dol; ag àrdachadh ìomhaigh nam Feachdan ann am beatha na dùthcha, tro bhith a' tadhal air na h-àiteachan obrach aca, agus tro na dleastanasan deas-ghnàthach aige; agus tro a bhith a' toirt taic dha teaghlaichean nan saighdearan a tha ag obair air falbh.

Tha an aon dealas aig bean agus mic A' Phrionnsa dha na Seirbheisean Armaichte 's a tha aige fhèin. Tha Ban-diùc na Còirn na Coirneal Rìoghail air a' 4mh Battalaidh The Rifles, Prìomh Chomodair Sheirbheisean Meadaigeach a' Chabhlaich Rìoghail, agus tha an dà mhac aige sna feachdan, aig an àm-sa a' trèanadh gu a bhith nam paidhleatan air heileacoptairean. Tha am Prionnsa Uilleam ann am Feachd Sìridh is Teasairginn an RAF, agus tha am Prionnsa Harry còmhla ri Corps Adhair an Arm.

Seach gu bheil na Feachdan a' gabhail pàirt ann an obrachaidhean, chan ann a-mhàin ann an Iorac agus Afganastan, ach ann an iomadach diofar cheàrnaidhean dhen t-saoghal, tha am Mòrachd Rìoghail air a bhith dhà-rìribh dripeil a' toirt taic do shaighdearan agus don cuid theaghlaichean. Ann an 2008-09, ghabh iad pàirt ann an 66 tachartas, còmhla no leotha fhèin; nam measg bha 11 tabhartasan mheadailean.

B' e aon dhe na tachartasan as ainmeile a ghabh àite airson cuimhne a chumail air 90 bliadhna dhen RAF sa Ghiblean 2008 aig RAF Cranwell ann an Siorrachd Lincoln. Chaidh am Prionnsa agus a' Bhan-diùc gu dinnear gàla, agus roimhe, chunnaic iad Spitfire agus ceithir itealain Typhoon a' sgèith seachad. Aig seirbheis aig dol fodha na grèine, chaidh bratach an RAFa leagail. Aig an dinneir, mhol a Mhòrachd Rìoghail "proifeiseantachd, dealasachd agus gaisge" fir is boireannaich an RAF. An ath latha, dhuaisich am Prionnsa a mhac, am Prionnsa Uilleam, le sgiathan paidhleat an RAF aig seirbheis ceumnachaidh ann an Cranwell.

San t-Sultain 2008, chaidh am Mòrachd Rìoghail gu seirbheis ann an Àrd-eaglais an Naoimh Pòl gus cuimhne a chumail air na Feachdan Armaichte a bha air ùine a chur seachad ann an Èirinn a Tuath tro na 38 bliadhna de dh'aimhreit an sin. Thòisich an obair sin, ris an canar Operation Banner, ann an 1969, agus thàinig crìoch air an t-suidheachadh sin san Iuchar 2007. Chaidh còrr is 1000 ball dhe na Feachdan a mharbhadh san ùine sin, agus chaidh 6116 a leòn.

San t-Samhain 2008, chaidh am Prionnsa gu Copehill Down ann an Wiltshire a choimhead an 3mh Battalion, Rèiseamaid Mercian, a' trèanadh ann am baile a chaidh a thogail air an tuath ann am meadhan Shasainn air an adhbhar seo. 'S e am Prìomh Choirneal, 's mar sin, chaidh a thoirt timcheall air an 70 togalach - taighean, bùitean agus sgoiltean - a bhios an t-Arm a' cleachdadh mar shamhladh air suidheachaidhean sabaid bailteach. Fhad 's a bha am Prionnsa ann, choinnich e ri Micheal Pickering, 28, agus Sàirdseant Dathte Gary Pemberton, 34 - dithis a bha fhathast a' fulang bho dhochannan a dh'fhuilg iad 's iad a' sabaid ann am Basra, Iorac.

DREUCHDAN ARMAILTEACH PHRIONNSA NA CUIMRIGH

Aig an àm seo tha rang Admiral aig Prionnsa na Cuimrigh sa Royal Navy, General san Arm agus Air Chief Marshal ann an Royal Air Force, agus bidh e a' cumail suas dàimh shònraichte leis an fheadhainn a leanas:

The Queen's Dragoon Guards
Na Royal Dragoon Guards
Na Welsh Guards
Am Freiceadan Dubh, 3rd Battalion
An Royal Regiment of Scotland
An Mercian Regiment
The Parachute Regiment
Na Royal Gurkha Rifles
Army Air Corps
The Queen's Own Yeomanry
51st Highland, 7th Battalion
An Royal Regiment of Scotland

Tha am Prionnsa cuideachd na Air Commodore Urramach air Royal Air Force Valley, Commodore-in-Chief air an Royal Naval Command ann am Plymouth. Tha e a' cumail suas dàimh shònraichte mar Colonel-in-Chief le 10 de rèisimeidean a' Cho-fhlaitheis: Air Reserve of Canada, Lord Strathcona's Horse (Royal Canadians), Royal Australian Armoured Corps, Royal New Zealand Air Force (Air Commodore), The Royal Regiment of Canada, The Royal Winnipeg Rifles, The Royal Pacific Islands Regiment, The Royal Canadian Dragoons, The Black Watch of Canada, The Toronto Scottish Regiment.

DREUCHDAN ARMAILTEACH BAN-DIÙC NA CÒIRN

Tha Ban-diùc na Còirn na Coirneal Rìoghail air a' 4mh Battalion The Rifles, 's i Sponsor HMS Astute, Prìomh Chomodair Sheirbheisean Meadaigeach a' Chlabhlaich Rìoghail agus Sheirbheisean Ministreachd a' Chabhlaich Rìoghail, agus Comodair Adhair Urramach Rìoghail RAF Halton agus RAF Leeming.

San Dàmhair 2008, chaidh Ban-diùc na Còirn chun a' bhàta-aigeil as motha agus as cumhachdaiche a th' aig a' Chabhlach Rìoghail, an HMS Astute. 'S i an Sponsor, agus fhad 's a bha i ann am Barrow-in-Furness, Cumbria, chaidh cothrom a thoirt dha a Mòrachd Rìoghail an t-soitheach fhaicinn. Thug an Comandair, Mike Walker, mu thimcheall i, agus an dèidh làimh, choinnich i buill de chriutha a' bhàta-aigeil agus na teaghlaichean aca aig gàrradh-iarrainn BAE.

Gach bliadhna, tha am Prionnsa, a bhean agus a mhic a' toirt taic dha saighdearan a chaidh a leòn nan dleastanas. San Dùbhlachd 2008, thadhail a Mhòrachd Rìoghail air an Ionad Rìoghail airson Leigheas Armachd (RCDM) aig Ospadal Selly Oak ann am Birmingham. A bharrachd air gun d' fhuair e air bruidhinn ri saighdearan a bha fo làmhnan dhoctairean, fhuair am Prionnsa cuideachd cothrom tachairt ri dithis a thòisich an carthannas Troop Aid, carthannas a tha a' cur a-mach stuthan-ionnlaid agus aodach gu saighdearan a th' air an goirteachadh agus a th' ann an ospadail ann an Afganastan agus an Iorac.

'S e an carthannas Help for Heroes aon dhe na buidhnean carthannais as ainmeile dhen fheadhainn a tha a' toirt taic dha saighdearan a chaidh a leòn, agus san t-Sultain, chaidh am Mòrachd Rìoghail gu Twickenham, còmhla ri 52,000 neach eile, a chòimhead gèama rugbaidh a chaidh a chur air dòigh gus airgead a thogail airson a' charthannais - gèama a chuidich ann a bhith a' togail còrr is £1 millean.

San Dùbhlachd, chaidh Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn mar phrìomh aoighean urramach aig dinnear airson Duaisean Armachd an Sun aig Lùchairt Chùirt Hampton. B' e am Prionnsa a smaoinich air na duaisean, a tha a' toirt aithne dha saighdearan, seòladairean agus sgèitheadairean air leth san dùthaich, agus cuideachd an luchd-obrach agus na teaghlaichean a tha a' toirt taic dhaibh.

Ghabh am Prionnsa Uilleam agus am Prionnsa Harry cuideachd compàirt ann a bhith a' toirt taic dha Help for Heroes, agus sa Chèitean 2008, chaidh iad gu City Salute, tachartan àraid san robh daoine a bha a' riochdachadh gach meur dhe na Feachdan a' caismeachd tro shràidean Lunainn air taobh a-muigh Àrd-eaglais an Naoimh Pòl, mar oidhirp gus aire an t-sluaigh a thoirt gu gaisgeachd nan saighdearan. Chuidich an tachartas ann a bhith a' togail airgead airson Help for Heroes agus airson SSAFA (Comann nan Saighdearan, Seòladairean, Sgèitheadairean agus nan Teaghlaichean). Thèid an t-airgead a chleachdadh gus taic a thoirt dha pròiseactan aig Cùirt Headley, ionad meidigeach airson nan trì seirbheisean ann an Epsom, Surrey.

Tha an Teaghlach Rìoghail cuideachd a' toirt taic dha seann shaighdearan, agus sa Ghiblean 2008, chaidh am Prionnsa agus a' Bhan-diùc gu dinnear aig Lùchairt an Naoimh Seumas gus moladh a thoirt dha gaisgeachd nan saighdearan Sìc a bha a' sabaid airson Breatainn san Dara Cogadh. Aig an tachartas, aig an robh drumairean Sìc agus dannsa bhanga, choinnich am Mòrachd Rìoghail seann shaighdearan de Fhoireann Sìc an Airm Bhreatannaich.

Tha teaghlaichean nam feachdan a' dèanamh an uabhais ann a bhith a' toirt taic dha na saighdearan, agus, san Fhaoilteach 2009, chaidh am Prionnsa a thadhail air càirdean an 2ra Battalion The Royal Gurkha Rifles, a th' ann am Folkstone, Kent. Choinnich a Mhòrachd Rìoghail, a tha na Phrìomh Choirneal air na Gurkhathan, càirdean shaighdearan a chaidh a mharbhadh san t-sabaid, agus chaidh cunntas a thoirt dha air ma bha a' dol dhan Bhattalion thall thairis. Bhon seo, chuala e mun phàirt a tha an Rear Party a' cluich san RA, a tha na cheangal eadar saighdearan thall thairis agus an cuid theaghlaichean.

Tron bhliadhna, chaidh am Mòrachd Rìoghail gu iomadach seirbheis mheadailean, agus am measg nan rèiseamaidean a tha a' faighinn bhonn cogaidh bhon Phrionnsa agus a' Bhan-diùc, tha an Rèiseamaid Paraisiut, Companaidh Phrionnsa na Cuimrigh, Geàrdan na Cuimrigh, 3 Rèiseamaid, Army Air Corps, Geàrdan an Royal Dragoon agus an Queen's Own Yeomanry dhen Arm Tìreach.

GU H-ÀRD BHO MHULLACH GU BONN

Prionnsa na Cuimrigh a' toirt meadail gnìomhachd dha Kes Srikanthan, saighdear Breatannach a bha a' trèanadh fheachdan Iorac, aig Taigh Clarence san Iuchar 2008.

Prionnsa na Cuimrigh agus Ban-diùc na Còirn a' coinneachadh ri buidheann de sheann shaighdearan bhon Fhoireann Sìc aig Lùchairt an Naoimh Seumas, sa Ghiblean 2008.

Ban-diùc na Còirn, Coirneal Rìoghail a' 4mh Battalion The Rifles, a' coimhead eacarsaich fearainn aig Taigh-feachd Kiwi ann am Bulford, Wiltshire, san Iuchar 2008.